



UHI Research Database pdf download summary

Sùil eile air fèin-eachdraidhean na gàidhlig

Bateman, Meg

Publication date:
2022

Publisher rights:
Copyright © 2023 The Authors

The re-use license for this item is:
CC BY-NC-ND

The Document Version you have downloaded here is:
Publisher's PDF, also known as Version of record

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):

Bateman, M. (2022). Sùil eile air fèin-eachdraidhean na gàidhlig: Another look at the Gaelic autobiographies. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, LXX, 216-234. Article 8.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

SÙIL EILE AIR FÈIN-EACHDRAIDHEAN NA GÀIDHLIG

MEG BATEMAN

4mh latha den Ghiblean 2021

O chionn faisg air fichead bliadhna, chaidh iarraidh orm caibideil a sgrìobhadh air ‘The Autobiography in Scottish Gaelic’ dhan *Edinburgh History of Scottish Literature* a dh’fhoillsicheadh an 2006. B’ e bunstèidh na h-argamaid gun robh an fhèin-eachdraidh Ghàidhlig na fo-ghnè den fhèin-eachdraidh mar as aithne dhuinn ann am Beurla i. Fhad ’s a sheallas an fhèin-eachdraidh ann am Beurla agus ann am mòr-chànain eile mar a thig an t-ùghdar gu bhith na neach annasach, gu tric aig àm annasach, seallaidh an fhèin-eachdraidh sa Ghàidhlig an t-ùghdar mar neach àbhaisteach a bhios a’ riochdachadh na coimhearsnachd aca. Ach dà bhliadhna air ais, chaidh iarraidh orm tràchdas Maighstireil a sgrùdadh a dhearbhadh nach robh an teòiridh seo fìor tuilleadh mu na fhèin-eachdraidhean as ùire, agus mar sin nuair a dh’iarr Dòmhnall Iain MacLeòid orm an òraid seo a thoirt seachad dhan Chomann, ghabh mi an cothrom tilleadh chun a’ chuspair gus coimhead air mar a tha a’ ghnè-litreachais seo air atharrachadh bho thoiseach an linn seo.

Nuair a bha mi nam òraidiche òg aig Oilthigh Obar Dheathain is sinne a’ sgrùdadh nam fhèin-eachdraidhean ann an clas litreachais, cha do thuig mi carson a bhiodh fhèin-eachdraidhean sa Ghàidhlig daonnan a’ seachnadh na bha pearsanta, agus dhòmhsa, inntinneach. Seo dà eisimpleir bho Ealasaid Chaimbeul (1913-1981), à *Air mo Chuairt* (1982), nuair a bhios i a-mach air bàs agus suirghe a rèir a chèile. Shaoilte gum biodh barrachd is seo aice ri ràdh mun deidhinn:

Chaill mi mo mhàthair chaomh sa Mhàrt ann an 1940, agus na dhèidh, glè ghoirid, mo bhràthair a b’ òige; agus thuig mi an uair sin dè bh’ ann an lèireadh. Ach feumaidh an saoghal a dhol air aghaidh ...

’S ann a thàinig e a-nis fainear dhomh pòsadh, oir bha mi air a dhol suas am bliadhnachan.¹

Ach thug tè de na h-oileanaich, Christine Laennec (is i fhèin na h-òraidiche ann am Fraingis cuideachd) tuigse ùr dhomh mun ghnòthach. B’ ise a mhìnich gun robh an t-ùghdar Gàidhlig, seach a bhith sònraichte ann an dòigh sam bith, na riochdaire den choimhearsnachd, rud a rinn ciall de thèarainteachd Ealasaid Chaimbeul gu h-àrd. Rinn e ciall de *Bùth Ailig* (1988), le Dòmhnall Ailig MacGillEathain, mu òige ann am Beàrnaraigh na Hearadh, anns nach rùisg e dad dheth fhèin: chan eil annsan ach an t-sùil a chì agus an ceann a chuimhnicheas. Thug teòiridh Laennec (a dh’fhoillsich i a-rithist ann an *Scottish Gaelic Studies*) dòigh dhomh fhèin-eachdraidhean na Gàidhlig a thuigsinn airson na bha annta – dealbh den choimhearsnachd, an àite a bhith gan càineadh airson dìth rudeigin air nach robh iad fiù ’s ag amas – dealbh an neach fa leth.²

B’ e bàrdachd agus òrain am meadhan traidiseanta sa Ghàidhlig airson faireachdainn làidir phearsanta a chur an cèill – gu tric gun bhacadh – agus tha na ceudan de dh’eisimpleirean againn a tha cho tiamhaidh drùidhteach ri òran ann an cànan sam bith – cleas ‘Griogal Cridhe’, le a mheasgachadh de sho-leòntachd agus miann dìoghaltais, no ‘M’ anam do sgar riomsa areir’, bhon 13mh linn, is am bàrd air an dàrna leth dhe chorp – agus gu dearbha anam fhèin – a chall le bàs a mhnà.³ Sgrìobhadh Aonghas Caimbeul (1903-82), no Am Puilean mar a chante ris, an dà

chuid bàrdachd agus eachdraidh a bheatha agus, gu soilleir, bha rùintean diofraichte aige dha na dhà.⁴ (Tha e àraid gum bi ùghdaran nam fèin-eachdraidhean as ùire againn fhathast a' cleachdadh bàrdachd gus na faireachdainnean as treasa a chur an cèill, mar eisimpleir MacFhearghuis ri linn bàs athar agus Meek, mar fhosgladh agus crìoch an leabhair.)⁵ Bha an fhèin-eachdraidh na rud ùr don Ghàidhlig anns na 1960an, agus i gu h-ìre mhòr air a toirt a-steach bho thaobh a-muigh an traidisein gus amasan eitn-eòlach a choileanadh is mothachadh ann gun robh beatha na croitearachd ag atharrachadh.

'S e *Saoghal an Treobhaiche / The Furrow Behind Me*, le Aonghas MacIllFhialain (1866-1966), an fhèin-eachdraidh as tràithe a th' againn. (Tha *Beatha agus Iompachadh Dhùghaill Bho Channain* (1716–1768) a dh'fhoillsicheadh ann an 1882 nas tràithe, ach buinidh e ri gnè-litreachais iompachaidh seach ri fèin-eachdraidhean beatha.) Chaidh Aonghas MacIllFhialain a chlàradh le Iain Latharna Caimbeul mu 1960, chaidh a chunntas a dheasachadh agus fhoillseachadh ann an eadar-theangachadh Beurla an Nirribhidh an 1965, agus chan ann gus 1972 a chaidh fhoillseachadh sa Ghàidhlig. B' e an neach-deasachaidh a lorg am fear-bratha agus a thug an leabhar gu buil, seach an rathad eile. Mar an ceudna, chaidh *Suathadh ri Iomadh Rubha* (1973) agus *Air mo Chuairt* (1982) a sgrìobhadh mar thoradh air co-fharpaisean a chuireadh air dòigh tro *Ghairm* ann an 1970 agus 1980 a dh'aona-ghnothach gus sgrìobhadh den t-seòrsa sin a bhrosnachadh.

Lean eachdraidhean-beatha an fhicheadamh linn an aon seòrsa pàtrain is an aithris a' dol gu rianail air ais 's air aghaidh eadar tuairsgeul practaigeach croitearachd is iasgachd agus aithris air còmhraidhean eirmseach eadar nàbaidhean. Às an sin, nochdaidh dealbh de choimhearsnachd, bho shealladh fiosaigeach agus sòisealta. Chan eil àite no adhbhar ann sgrùdadh no meòrachadh a dhèanamh air an ùghdar fhèin a chionn 's nach eil ann dheth ach eisimpleir. Tha an dòigh-obrach seo a' toirt seachad dà rud follaiseach – tuigse air croitearachd agus dibhearsain an t-seanchais. A bharrachd air sin, nithear rud mòr à luachan na coimhearsnachd: dh'fheumadh daoine gabhail ri cruaidh-chàs is taic a thoirt do chàch-a-chèile. Ann an coimhearsnachd a bha stèidhte air teaghaichean sìnte, cha robh na h-aon chrìochan eadar daoine no cothroman airson fèin-dealbhadh no mìod-mhòr. Tha an seachas cuideachd a' nochdadh neart na cuimhne am measg nan daoine agus an 'gliocas sin/ nach robh an eisimeil leabhraichean,/ leis an àbhachdas, leis a' ghearradh-cainnt/ a bha a' leum á cridhe a' chinnidh ...' mar a bh' aig MacThòmais air.⁶

Chithear na h-aon leasachaidhean san fhèin-eachdraidh a' tachairt mu leth-cheud bliadhna na bu tràithe ann an Èirinn. A-rithist, thàinig an spreigeadh bho sgoilearan taobh a-muigh na coimhearsnachd mar an Sasannach Robin Flower a thadhail air a' Bhlascaod Mòr an 1910. Bhrosnaich esan Tomás Ó Criomhthainn gus *An t-Oileánach* (1929) a sgrìobhadh (fear a dh'ionnsaich sgrìobhadh a dh'aona-ghnothach). Lean grunn fhèin-eachdraidhean eile às a' Bhlascaod Mòr – *Fiche Bliain ag Fás* (1933) le Muiris Ó Súilleabháin agus *Peig* (1936) le Peig Sayers a sgrìobhadh sìos le mac. Gun teagamh b' iad sin na modalan a lean Iain Latharna Caimbeul nuair a chlàraich e Aonghas MacIllFhialain.

Chan ann a-mhàin bho na sgoilearan eadar-nàiseanta a bha Gàidheil na h-Èireann air am piobrachadh gu sgrìobhadh ach le Saorstàt Èireann a stèidhicheadh an 1921 le fèin-aithne Chaitligeach Ghàidhealach. B' e a' chlann-sgoile a ghiùlaineadh an t-uallach seo agus bha innleachdean na stàite ann gus stuth-leughaidh Gaeilge a sholarachadh. Bha na h-eachdraidhean-

beatha gam faicinn mar adhbhar freagarrach a bhogadh a' chlann ann an ìomhaigh de luchd na Gaeilge a bha bochd, subhailc, sàsaichte le beagan is 'nach fhaicte an leithid a-rithist'. 'S beag an t-iongnadh gun do ghin an ìomhaigh seo sgeig-aithrisean anns *An Béal Bocht* (1941) aig 'Myles na gCopaleen' no Flann O' Brien agus *Cré na Cille* (1949) aig Máirtín Ó Cadhain. Bheir an dà leabhar seo sùil air an aon seòrsa coimhearsnachd 's a nochdas sna h-eachdraidhean-beatha – ach nach eil idir cho foirfe neochiontach riutha. Gu dearbha, fhad 's a tha na h-uircein anns *An Béal Bocht* air an dreasaigeadh mar chloinn gus airgead fhaighinn airson na Gaeilge aca, tha coimhearsnachd *Cré na Cille* san uaigh, a' trod 's a' càineadh a-chèile gu latha Luain.

A' tilleadh gu fèin-eachdraidhean Gàidhlig na h-Alba, chaidh cuid dhiubh a sgrìobhadh sìos leis na h-ùghdaran aca agus cuid eile aithris agus a chlàradh gu meacnaigeach no fiù 's bho chuimhne; bidh cuid a' còmhachadh beagan bhliadhnaichean cudromach, gu sònraichte àm a' chogaidh, agus cuid eile a' còmhachadh na mòr-chuid de bheatha an ùghdair. Bidh gach dòigh gun teagamh a' toirt buaidh air stoidhle an leabhair. Tha na cunntasan sgrìobhte (mar eisimpleir leis A' Phuilean, Ealasaid Chaimbeul no Catrìona NicNèill) tòrr nas eagraichte, neo 's neònach, na cunntasan labhairteach oir ghabhadh iad dealbhadh agus ath-sgrìobhadh. Air a' chaochladh, tha *Saoghal an Treobhaiche*, *Cailleach an Deacoin* le Murchadh MacMhathain, *Clann-nighean an Sgadain* le Tormod Calum Dòmhnallach no *Suileabhan* le Calum MacFhearghuis, nas riamalaiche is iad stèidhichte air tùsan labhairteach no còmhraidhean.

'S e *Suathadh ri Iomadh Rubba* (1973), le Aonghas Caimbeul no 'Am Puilean' (1903-82), an fhèin-eachdraidh as neo-eisimeilich a th' againn, mar gun tug am pròiseas sgrìobhaidh seach labhairt, àm breithneachaidh dhan ùghdar. Ged a bhios pailteas eitn-eòlais ann, tha an t-iomlan air a lasadh suas le uaim, fearg, eirmseachd agus daonnachd:

Cha d' fhuair mise leasan Gàidhlig sa sgoil riamh agus 's e faireachadh a bha agad gun dh' àlaich do chànan, d' fhine is do dhualchas ann an treubhan ainreiteach borb aineolach agus ma bha dùil agad slighe shoirbheachail a dhèanamh san t-saoghal, gum b' e do bhuannachd an dì-chuimhneachadh gu tur ...

no

'S ann a shaoileadh tu gun robh e [Sàtan] air imrich a thogail à uile cheàrnaidhean an t-saoghail, cho dripeil 's a bha e cur a dhraoidheachd an gnìomh nar n-eileanan.⁷

'S e seachas clàraichte bun-stèidh *Saoghal an Treobhaiche* le Aonghas MacIllFhialain. Fhad 's a bheir e seachad cunntas air bochdainn òige na choitear an Uibhist a Deas agus saoghal nan aonaichean-fastaidh agus nam bothan air tìr-mòr, taisbeanaidh an leabhar cuideachd ealain an t-seanchaidh seach an sgrìobhadair, is gach naidheachd air a dealbhadh eadar còmhradh is gnìomh. Agus dìreach mar a thachair ann an Èirinn, bha an taobh eitn-eòlach den fhèin-eachdraidh abaich airson magaidh. Ann an Leòdhas, rinn Murchadh MacMhathain, a bha ainmeil airson a cho-choisiche Cailleach an Deacoin, coimeas eas-urramach anns an leabhar aige don aon ainm (1979) eadar an t-Sàbaid agus campa phrìosanach, agus dh'aidich e gum b' fheàrr leis coimhead air Bruce Forsyth na dhol air ais gu na seann làithean. 'S dòcha gun robh Iain Mac a' Ghobhainn a' cur an aghaidh ìomhaigh na coimhearsnachd foirfe anns *An t-Aonaran* (1976) a rusgas cho cruaidh 's a tha a riaghailtean air duine a tha diofraichte.

B' e an dùthchas coitcheann a chumadh an co-chomann còmhla – fèin-aithne gun mhothachadh stèidhichte air treubh, dùthaich, cànan is cultar. Shaoilte nach gabhadh na dualan

seo a sgaradh, ach ghabhadh, ann an dòrlach eachdraidhean-beatha mu shaoghal an eilthirich. Ged a bhiodh na daoine air imrich a dhèanamh do cheàrnaidh ùr, tha an togail choitcheann – agus togail na bochdainn – gan ceangal còmhla. Tha *Clann-nighean an Sgadain* (1987) le Tormod Calum Dòmhnallach na chothlamadh de ghuthan bhoireannach gun urra a dh'fhalbh nan cutairean is nam pacairean gu costa an-ear na h-Alba is Shasainn. Ged a dh'aidichear gun robh an obair cruaidh, 's e aighearachd as motha a chuirear an cèill, an aighearachd a thig an lùib fearas-cuideachd na h-òige. Gu dearbh, thuirt aon nighean gum biodh cianalas oirre mura robh i air dol dhan chutadh is uiread de a co-aoisean an sàs ann.

Tha faireachdainn an ùghdair mu bhun-stèidh choitcheann nan nighean air a daingneachadh leis an dòigh a tha na guthan is na fotos air am measgachadh còmhla.

Tha *Suileabhan* (1983) mu na bliadhnanachan a chosg Iain MacLeòid (1899-1956) na imriche an Canada, Ameireagaidh agus Astràilia mus do thill e a Leòdhas agus pòsadh. B' e Calum MacFhearghuis a sgrìobh e o chuimhne seachas beòthail a nàbaidh. Thèid 'Suileabhan' an sàs ann an caochladh choimhearsnachdan eilthireach bhochda eile, sna coilltean, raointean cruithneachd agus fiù 's sa phrìosan, ach 's e a mhac-meanmna lèirsinneach agus a chùl ri fèin-truas a bheir am blas dhan leabhar. Ann an aon earrainn dhrùidhteach, innsidh e gun do thàladh e fhèin agus a chompanach gun abhsadh gun fhiaradh tron chruithneachd àrd le guth nighinn a' seinn òran Gàidhlig. Sin agad **cianalas!**⁸ 'S dòcha air sgàth gu robh Suileabhan a' bruidhinn ri caraid seach a' sgrìobhadh leabhar do chàch, gun dèan e meòrachadh air buaidh brùidealachd na bun-sgoile air a nàdar:

Bha an Riaghaltas agus duine sam bith a bh' ann an ùghdarras orm a-riamh bhon uair sin mar aintighearna a' bagairt orm, agus bhreab mi le m' uile neart, fad mo bheatha, an aghaidh nan dealg.⁹

Cuiridh cunntasan cogaidh cuideam cuideachd air coimhearsnachdan Ghàidhlig thall thairis. A bharrachd air sin, ann an èiginn a' chogaidh, tha cuid de dh'fheartan na fèin-eachdraidh Gàidhlig gu sònraichte soilleir. Bidh aire an ùghdair daonnan ga tionndadh bho ghaisgeachd fhèin gu gaisgeachd na buidhne. Gus càch a bhrosnachadh, tha e mar fhiachaibh orra àbhachdas a chur fa chomhair teanntachd agus dòchas fa chomhair a' bhròin. Chithear seo ann an *Luach na Saorsa* (1970), a tha na leabhar-latha mun Chiad Chogadh le Murchadh Moireach (1890-1964), agus ann am *Fo Sgàil a' Swastika* le Dòmhnall Iain MacDhòmhnail (Uibhist a Deas, 1919-86), a chuir an dàrna cogadh seachad na phrìosanach-cogaidh. Sgrìobhadh an treasa cuimhneachan den t-seorsa seo, *Air Druim an Eich Sgiathaich* (1987), le Pòl Mac a' Bhreatannaich (Barraigh 1913-23). Bha an t-eagal air gun tigeadh an cogadh gu crìch mus gabhadh e san arm ach mu dheireadh chunnaic e tuilleadh is na mhiannaicheadh e na phara-trùpair.

A bharrachd air cianalas, cha do thaisbean fèin-eachdraidhean an 20mh linn saoghal faireachdainnean nan Gàidheal gu fosgailte, ged a dh'fhaodadh an uiread a bhith falaichte air chùl gnìomh. Cuingealaichidh na h-ùghdaran an sealladh do rudan bhon taobh a-muigh, no ri cùisean eitn-eòlasach no èibhinn. Ach, tha obraichean *fìusein* ann bhon aon àm a chuireas sùil nas doimhne ann an caractaran a leanas an aon seòrsa dòigh-beatha ri ùghdaran nam fèin-eachdraidhean. Seallaidh an sgoilear Èireannach, Máire Ní Annracháin, gur e cleachdadh *style indirecte libre* no 'còmhradh saor neo-dhireach' a leigeas le Tormod Caimbeul beatha *mhac-meamnach* nan croitearan a sgrùdadh ann an *Deireadh an Fhoghair* (1979).¹⁰ Cuiridh an Caimbeulach an cèill faireachdainn duine a dh'aithnicheas gur e a sholas fhèin agus solas a nàbaidh mu dheireadh a dheàraicheas sa

ghleann, agus nach bi lorg aig duine às an dèidh air an eòlas aca a shìneas air ais thar nan ginealach. A bharrachd air sin, tha *An Sgàineadh* (1993) le Tormod Calum Dòmhnallach, *Am Fear Meadhanach* (1992) le Alasdair Caimbeul agus *Clann Iseabail* (1993) le Màiri NicGumaraid uile a' làimhseachadh saidhceolas Ghàidheal fa leth fo sgleò ficsein. Aig amannan, tha coltas orra gun deach ficsean a chur air fèin-eòlas nan ùghdaran fhèin a dh'èireadh à suidheachaidhean dà- no ioma-chultarach.

An cois dà- no ioma-chultaras, thigeadh diofar bheachdan a-steach agus mothachadh an duine fa leth, agus leis an sin, uiread de theannachadh agus na modalan air an sgrùdadh ann an litreachas. Chan eil e na iongnadh gu bheil fèin-eachdraidhean na Gàidhlig air atharrachadh mar sgàthan air seo agus tha mi a' toirt taing do Loo Zhi-En airson sin a chur an sùilean dhomh.¹¹ Tha e soilleir gu bheil cuideam a-nist ga chur air faireachdainn phearsanta agus, is dòcha mar thoradh air seo, gu bheil structar nam fèin-eachdraidhean nas siùbhlaich ealanta na bha iad nan cunntasan eitn-eòlach. Thèid sgrùdadh a dhèanamh fodha air trì eisimpleirean cudromach bhon linn seo. Tha *Còco is Crùbagan* (2009) na chunntas le Flòraidh NicDhòmhnaill air a h-òige anns na 1940an 's '50an ann an Nunton Hill air taobh sear Bheinn na Fadhlà, sgìre nach deach a thoirt a-steach do chroitreachd gu 1924 agus a chaidh a thrèigsinn a-rithist ann an 1952. Tha *Casan Searraich* (2014) na chunntas le Calum MacFhearghuis air a bheatha fhada eadar òige ann am Port Mholair anns an Rubha ann an Leòdhas, làithean oileanaich an Obar Dheathain, obair eadar teagasg, craoladh dhan BhBC, agus dèanamh fhilmichean dha na h-oilthighean, agus beatha a theaghlaich. Agus mu dheireadh, tha *Seòl mo Bheatha* (2019) le Dòmhnall Meek na chunntas air òige ann an Tiriodh, àrd-sgoil san Òban, oilthigh ann an Glaschu agus Cambridge, obair acadaimigeach aig oilthighean Dhùn Èideann agus Obar Dheathain, beatha teaghlaich, croitearachd agus smaoineachadh ro-innleachdail airson na Gàidhlig.

Ged a chì sinn gu bheil cuideam ùr air sgrìobhadh pearsanta annta, tha e cudromach cuideachd gun aithnichear cho coltach 's a tha iad ris na h-eachdraidhean-beatha as tràithe. Tha Loo Zhi-En a' sònrachadh feartan cumanta na fèin-eachdraidh mar a leanas:

Eitn-eòlas; cianalas airson coimhearsnachd na h-òige; irioslachadh an ùghdair fhèin agus àrdachadh na coimhearsnachd; dilseachd dhan choimhearsnachd; naidheachdan èibhinn mu rudan a thachair sa choimhearsnachd; dòchas fo chomhair duilgheadais; taic don Ghàidhlig; bàrdachd gus na faireachdainnean as treasa a chur an cèill; seachnadh deasbad mu chreideamh.¹²

A thaobh eitn-eòlais, tha NicDhòmhnaill, MacFhearghuis agus Meek uile a' toirt fiosrachadh mionaideach seachad air a' chroitreachd anns an do ghabh iad uile pàirt. Mar eisimpleir, nì MacFhearghuis iomradh air coiseachd dhachaigh le solas fàd mòna ga chumail ann an clobha a bheir Màiri Mhòr nan Òran an cuimhne.¹³ 'S e eitn-eòlas agus cianalas cha mhòr *raison d'être* na fèin-eachdraidh Gàidhlig. Tha *Còco is Crùbagan* gu tur na obair cianalais, air a sgrìobhadh mar eacarsaich *catharsis* agus mar chuimhneachan air a' mhàthair a chaochail nuair a bha NicDhòmhnaill fhathast na pàiste. Nì Dòmhnall Meek dealbh air làithean eireachdail òige is e ag obair air a' chroit còmhla ri athair, agus tuigear a chuid àmhghair nuair a thrèigear an taigh anns an robh naoinear uaireigin nan còmhnaidh. Cuiridh e cudrom na coimhearsnachd an cèill gu soilleir is e a-mach air co-dhùnadh a phàrantan an t-saorsa fhèin a leigeil seachad gus coimhead às dèidh croit an teaghlaich agus a' ghinealaich as sine:

'S e an teaghlach, agus dilseachd don teaghlach, seach beatha is còrichean an neach fa leth, a bha a' riaghladh inntinnean dhaoine nuair a bha mise gam thogail an 'Coll View'.¹⁴

Aithnichidh MacFhearghuis bàidh shònraichte am measg dhaoine a dh'fhàgadh fiù 's an duine as caisich a' toirt 'tastan don phortair' nuair a chaidh e na phàiste a dh'iarraidh càl; is aithnichidh a-rithist an aon mheasgachadh de dh'uaisleachd agus irioslachd san dol-a-mach aig Gàidheil Cheap Breatainn.¹⁵ Tha dìlseachd dhan Ghàidhlig na feart cha mhòr do-sheachanta am measg sgrìobhadairean na Gàidhlig. Bha MacFhearghuis agus Meek nan dithis gu mòr an sàs ann an gnìomhachd na Gàidhlig, MacFhearghuis a' sabaid airson prògraman rèidio airson nan sgoiltean Gàidhlig agus airson aonad Gàidhlig ann an Sgoil Sir John Maxwell ann an Glaschu fhad 's a bha Meek a' sabaid gus an cànan a dhìon tro Achd na Gàidhlig, 2005.

Coimheadar a-nist air mar a bhriseas na trì fèin-eachdraidhean seo am molldair nan stoidhle ealanta, nam faireachdainn phearsanta agus nan sgrùdadh air fàs an neach fa leth. Comharraichidh *Còco is Crìbagan* slighe ùr ann am fèin-eachdraidh na Gàidhlig is NicDhòmhnaill a' cleachdadh stoidhle dhrùidhteach bhàrdail lèirsinneach, na seallaidhean agus na suidheachaidhean gan dùsgadh tro shùilean na h-ighne. (Tha na dealbhan peansail san leabhar a' dearbhadh gun robh tàlant aice). Seo tuairsgeul de na builgeanan siabainn ag èirigh mun teaghlach is iad a' stampadh phlaideachan air bòrd locha:

Bha iad a' priobadh is a' deàrrsadh sa ghrèin. Sheall sinn nam broinn is chunnaic sinn leòsain bheaga bhìodach is iad a' deàrrsadh leis a h-uile dath a tha sa bhogha-froise ... Dh'fheuch sinn ri grèim a dhèanamh orra ach bhrìst is leagh iad às a chèile ... shuidh iad air bàrr an fhraoich far an do sgàin iad às a chèile.¹⁶

Tha tuigse stèidhichte sa chorp is a h-athair an impis na cuileanan aca a bhàthadh:

Thòisich mo chridhe a' bualadh is a' bocadaich, is e gu leaghadh leis cho duilich 's a bha mi. Thòisich mo shùilean air mo bhìtheadh is mi feuchainn ris na deòir a chumail air ais. Bha mo chom air ragachadh: aon mhionaid bha mi reòthte, an ath mhionaid air chrith mar chnap jelly. Cha b' fhada gus an robh mi gun mhothachadh le bròn.¹⁷

Tha an dèinead seo ùr dhan fhèin-eachdraidh Ghàidhlig. Nochdaidh seallaidhean de chroitreachd is iasgachd, air breith laoigh, iasgach ghiomach no soithichean ioma-dhathte air dreasair seann nàbaidh, chan ann mar eitn-eòlas ach mar faireachdainn.¹⁸ 'S dòcha gun robh e nas fhasa an toirt a-steach tro shùilean a' phàiste, agus an t-ùghdar ga trèanaigeadh aig an àm ann an sgrìobhadh cruthachail.

Bidh Calum MacFhearghuis cuideachd a' toirt seachad cunntas ann an *Casan Searraich* air faireachdainn fhèin agus faireachdainn nan daoine mun cuairt air aig an aon àm 's a bhios e a' toirt tuairsgeul seachad air an dòigh-beatha. Mar eisimpleir, nuair a tha e a' toirt chunntasan air na trì taighean anns an robh a phàrantan nan tàmh – aig tùs a bheatha ann an taigh neo-leasaichte, an uair sin taigh sinc agus mu dheireadh bungalo – nì e iomradh aig an aon àm air sàrachadh agus sàsachadh gach suidheachaidh. Nì e coimeas eadar aotromachd a ghinealaich fhèin, len cuid ciùil, bàrdachd agus dannsaichean rathaid, agus sòlaimteachd agus dubhachas nan ginealach as sine a thuigeadh gum b' e peanas diadhaidh a bh' ann an call beatha trainnsichean a' Chogaidh Mhòir agus dol fodha na h-*Iolair*. Cha b' fhuilear dha na boireannaich aodach dubh a chur orra agus gèilleadh gu tur ri toil Dhè, gun dùil ri gàirdeachas san t-saoghal seo.¹⁹

Cha bhì a phearsa fhèin uair sam bith air thoiseach a' chunntais – cha tèid an staing san robh e aig Sgoil Ealain Ghlaschu, mar eisimpleir, a mhìneachadh gu mionaideach; neo-ar-thaing, bidh a phearsa a' tighinn am follais tro a bhàidh – air an teaghlach, air a nàbachd, a cho-

oileanaich aig oilthigh Obar Dheathain, clann nam mèinnearan ann am bun-sgoil Phrestwick, no, mar a chunnaic sinn, a bhàidh air Gàidheil Cheap Bhreatainn. Tha càirdeas agus àbhachdas nan laighe air an leabhar air fad. Innisear stòiridh mu sgait-adhair no *kite* a dh'fhalbh le pìos sreang na h-earball air an robh cruaidh-fheum gus cearc a chur tron phost. Cha robh cothrom air ach a' chearc ithe. 'S e dreuchd an stòiridh seo deagh ghean seallbhadair na sreinge a dhearbhadh seach an nòs cearc a chur tron phost.

Gu h-annasach am measg sgrìobhadairean nam fèin-eachdraidhean, tha MacFhearghuis a' bruidhinn air a chreideamh no air a dhìth creidimh. Aidichidh e a chuid agnostachd aig fìor dheireadh an leabhair, is e a' dèanamh coimeas eadar an t-urram a th' aige ron chruthachadh agus ar n-eu-chomas a thuigsinn; eadar a spèis ri creideamh a mhuinntir agus a chuid teagmhachd fhèin.²⁰ Tha an agnostachd seo a' leigeil leis a bhith ag aithris, gun leisgeul, gum faca e na sìthichean na òige agus mu chinnt an teaghlach gun deach a bheatha a shàbhaladh mar naoidhean le ùrnaighean duine naoimh.²¹ Nuair a rinn e bàrdachd dhìoghrasach ri linn bàs athar is e ag iarraidh a thoirt dhachaigh bho thallain a' bhàis, bha barrachd de Thìr nan Òg ann na de Chrìosdaidheachd.²²

'S e *Seòl mo Bheatha* le Dòmhnall Meek an fhèin-eachdraidh Ghàidhlig as sònraichte a thaobh fàs an neach fa leth. Tòisichidh an leabhar le breith an ùghdair le cuideachadh clobha san ospadal an Rotten Row a dh'fhàg an dàrna mala nas motha na an tè eile. Chaidh a thogail ann an Tìriodh na aona mhac, is na beathaichean air a' chroit agus an sianar de bhràithrean is peathraichean a sheanmhar nan companaich-cluiche dha (agus nan tobar de bheul-aithris is de Ghàidhlig chruaidh Thìriodh). Minichidh e iomadh rud mu chroitearachd, iasgach agus togail bhàtaichean, mun eaglais agus mun sgoil an Tìriodh agus san Òban (is tidsearan annta an dà chuid suarach agus spèiseil ris na Gàidheil), oilthigh ann an Glaschu agus Cambridge, agus dreuchd acadaimigeach chliùiteach ann an Glaschu, Dùn Èideann agus Obar Dheathain, agus mun teaghlach is cluaineas. Ach 's e tha a' toirt air an fhèin-eachdraidh seo seasamh a-mach bhon a' chòrr na nochdas de theannachadh, teagamhan, so-leòntachd agus de cho-dhùnaidhean doirbhe a dhealbhadh an t-ùghdar. Chan eil fèin-eachdraidh eile sa Ghàidhlig as aithne dhomhsa a nì sgrùdadh cho mionaideach no cho onarach air a' bheatha a-staigh.

Chì sinn Dòmhnall aig aois ceithir bliadhna deug a dh'aona ghnòthach a' dèanamh butarrais de na deuchainnean inntigidh aige airson Àrd-sgoil an Òbain ach am fuirich e ann an Tìriodh dà bhliadhna eile; chì sinn e eadar dà lionn – eadar dreuchd ann an ailtireachd chabhlaich no Ceiltis; chì sinn e a' cur aghaidh ri mì-rian a chiad obrach aig faclair eachdraidheil na Gàidhlig nuair a thug e taic coimpiutaireach a-steach, rud a bha buileach ùr aig an àm; chì sinn taigh a shinnsearan na sheasamh falamh. Chì sinn an t-uallach ro-mhòr a thàinig gu buil an 2004 nuair a bhuail tinneas inntinn e. Chuir a' Ghàidhlig fhèin ìmpidhean gu leòr air, air sàilleibh dìth thidsearan le Gàidhlig o dhùthchas agus dìth dìon dhan chànan aig ìre oifigeil; an co-fharpais le sin, bha miann air Dòmhnall tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh. Ach b' e na slatan-tomhais ùra, a thomhaiseadh luach an rannsachaidh a rèir na bheireadh e a-steach de mhaoineachadh, a shàraich e buileach, agus an tuigse gun lorgte gann e, ged a bha e air na h-ìrean acadaimigeach as àirde a ruigsinn agus air obair smaointeachail a chur às a dhèidh. A bharrachd is sin, bha seann dìmeas nan urracha mòra dhan a' Ghàidhlig ag obair air. Claoidhte, chaill e a mhisneach.

Sgrìobh e mu dheidhinn na slighe air ais gu slàint'-inntinn an co-bhonn le pròiseas cartadh agus càradh seann dachaigh an teaghlach, anns a bheil tè de na nigheanan aige a-nist a'

fuireach. Tha am bàta aige a' seòladh gu rèidh a-rithist, mar a chanas e, a sheòl ruadh sracte air a chàradh cuideachd. Tha de dh'ùine aige aire a thoirt air nithean tlachdmhor, eadar teaghlach, croitearachd agus sgrìobhadh leabhraichean. Bu daor a cheannaich e a' chliù acadaimigeach ach cha robh an sin ach pàirt den duine.

Ann an 1969, dh'fhaighnich an sgoilear Èireannach Gearóid MacEoin an robh cus luach ga chur air fèin-eachdraidhean na Gaeilge:

It is difficult to escape the impression that many people allowed their judgement of the literary value of these books to be influenced by their appreciation of their value as social documents and by nostalgia for a society which was passing away.²³

Bha e treun beachd a rùsgadh a chaidh an aghaidh an t-srutha ach a bheil a thuigse air litreachas ro chumhang? Le bhith a' sireadh feartan litreachais sna fèin-eachdraidhean, tha cunnart ann gun seachnar feartan seanchais. Aig a' char as lugha, tha na fèin-eachdraidhean à Alba is Èirinn nan taisbeanadh de dh'ealain an t-seanchaidh agus nan stòras de Ghàidhlig mus tàinig taibhse na Beurla dhan chànan. A thuilleadh air sin, tha iad a' toirt seachad dealbh de cho-chomann na Gàidhlig anns an robh na buill an urra ri chèile. B' e an co-chomann sin a dhealbh na sgrìobhadairean air fad agus às am bi iad a' sgrìobhadh mar riochdairean dheth. 'S e pàirt de dhà-chultaras a leigeas le na sgrìobhadairean as ùire (ris am b' urrainn ainmean eile a chur mar Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain agus Murchadh Peutan) smaoinichidh orra fhèin mar dhaoine fa leth a b' fhiach an sgeulachd phearsanta – cho math rin sgeulachd choitcheann – innse. Is chuirinn geall gum bi fèin-eachdraidhean Gàidhlig san àm ri teachd gu math diofraichte a-rithist.

Endnotes

¹ Ealasaid Chaimbeul, *Air mo Chuairt* (Steòrnabhagh, 1982), 37, 38.

² Christine Laennec, 'The story of whose life? Aonghas Caimbeul's *Suathadh ri Iomadh Rubha*', *Scottish Gaelic Studies* (2003)

³ Wilson Macleod and Meg Bateman, *Duanair na Sracaire/ Songbook of the Pillagers* (Edinburgh 2007), àireamhan 71 is 27.

⁴ Faic *Moll is Cruithneachd* (Glasgow, 1972) agus *Suathadh ri Iomadh Rubha* (Glaschu, 1973).

⁵ Calum MacFhearghuis, *Casan Searraich/Sunbeams in Memory* (Steòrnabhagh, 2014), 269 agus Donald Meek, *Seòl mo Bheatha* (Inbhirnis, 2019).

⁶ 'Cotriona Mhòr' le Ruairidh MacThòmais, *Nua-bhàrdachd Ghàidhlig*, deas. Dòmhnall MacAmhlaigh (Edinburgh, 1976), 167.

⁷ Aonghas Caimbeul, *Suathadh ri Iomadh Rubha* (Glaschu, 1973), 21-22; 36.

⁸ Calum MacFhearghuis, *Suileabhan* (Glaschu, 1983), 55.

⁹ *ibid*, 131.

¹⁰ Máire Ní Annracháin, 'Deireadh an Fhoghair', *Léachtaí Cholm Cille XIX* (1989), 168-191, gu sònraichte bho 184.

¹¹ Loo Zhi-En, 'Faireachadh is Fèin-sgrìobhadh: Late 20th Century and Early 21st Century Scottish Gaelic Autobiographies as Loci of Emotional Practices', tràchdas MRes, University of Glasgow, 2019.

¹² *Ibid*, *passim*.

¹³ Calum MacFhearghuis, *Casan Searraich/Sunbeams in Memory* (Steòrnabhagh, 2014),

67.

¹⁴ Donald Meek, *Seòl mo Bheatha* (Inbhirnis, 2019), 39.

¹⁵ Calum MacFhearghuis, *Casan Searraich/Sunbeams in Memory* (Steòrnabhagh, 2014), 129, 387

¹⁶ Flòraidh NicDhòmhnaill, *Còco is Crùbagan* (Balallan, 2009), 38.

¹⁷ Ibid, 34.

¹⁸ Ibid, 25.

¹⁹ Calum MacFhearghuis, *Casan Searraich/Sunbeams in Memory* (Steòrnabhagh, 2014), 99, 101, 103.

²⁰ Ibid, 403-7.

²¹ Ibid, 69; 3-5.

²² Ibid, 269.

²³ Gearóid MacEoin, 'Twentieth Century Irish Literature' in Brian Ó Cuív, deas., *A View of the Irish Language* (Dublin, 1969), 61.

Liosta prìomh thùsan

Bochannan, Dùghall, *Beatha agus Iompachadh Dhùghaill Bhochannain* (Dùn Èidean, 1882)

<https://digital.nls.uk/early-gaelic-book-collections/archive/75990642?&mode=transcription>

Caimbeul, Alasdair, *Am Fear Meadhanach* (Conon Bridge, 1993)

Caimbeul, Aonghas, *Suathadh ri Iomadh Rubha* (Glaschu, 1973)

Caimbeul, Tormod, *Deireadh an Fhoghair* (Dùn Èideann, 1979)

Chaimbeul, Ealasaid, *Air mo Chuairt* (Steòrnabhagh, 1982)

Dòmhnallach Tormod Calum, *Clann-nighean an Sgadain* (Steòrnabhagh, 1987)

An Sgàineadh (Steòrnabhagh, 1993)

Mac a' Bhreatannaich, Pòl, *Air Druim an Eich Sgiathaich* (Steòrnabhagh, 1987)

Mac a' Phearsain, Seonaidh Ailig, *Steall à Iomadh Lòn* (Inbhirnis, 2011)

MacCalmain, Tòmas, *Mo Latha gu Seo* (Edinburgh, 2011)

MacDhòmhnaill, Dòmhnall Iain, *Fo Sgàil a' Swastika* (Inbhirnis, 1974)

MacFhearghuis, Calum, *Suileabhan* (Gaschu, 1983)

Casan Searraich/Sunbeams in Memory (Stornoway, 2014)

MacGillEathain, Dòmhnall Iain, *Bùth Ailig, Clò Ostaig* (An t-Eilean Sgitheanach, 1988)

MacIllFhialain, Aonghas, *Saoghal an Treobhaiche*, deas., John Lorne Campbell (Inbhirnis 1972)

MacMhathain, Murchadh, *Cailleach an Deacoin*, deas., Fionnlagh MacLeòid (Glaschu 1979)

Meek, Donald, *Seòl mo Bheatha* (Inbhirnis, 2019)

Moireach, Murchadh, *Luach na Saorsa* (Glaschu 1970)

NicDhòmhnaill, Flòraidh, *Còco is Crùbagan* (Balallan, 2009)

NicGumaraid, Màiri, *Clann Iseabail* (Steòrnabhagh, 1993)

NicNèill, Catrìona, *Mo Bhrògan Ùra* (Glaschu 1992)

Peutan, Murchadh, *Sàil air ais anns an Sgàthan* (Inbhirnis, 2018)

Liosta dàrna tùsan

Bateman, Meg 'The Autobiography in Scottish Gaelic' ann an Ian Brown, deas., *The Edinburgh History of Scottish Literature, Volume 3* (Edinburgh, 2006)

Laennec, Christine 'The story of whose life? Aonghas Caimbeul's *Suathadh ri Iomadh Rubha*', *Scottish Gaelic Studies XXI* (2003)

MacEoin, Gearóid 'Twentieth Century Irish Literature' ann am Brian Ó Cuív, deas., *A View of the Irish Language* (Dublin, 1969)

Ní Annracháin, 'Máire Deireadh an Fhoghair', *Léachtaí Cholm Cille XIX* (1989), 168-191

O Cuiv, Brian *A View of the Irish Language* (Dublin, 1969)

Titley, Alan 'Ravelling Narratives: Irish and Scottish Gaelic Life Stories Compared' ann an Kelly, W. & Young, J.R. (eds), *Ulster and Scotland 1600-2000: History, Language and Identity* (Dublin, 2004), 161-170

Zhi-En, Loo 'Faireachadh is Fèin-sgrìobhadh: Late 20th Century and Early 21st Century Scottish Gaelic Autobiographies as Loci of Emotional Practices', tràchdas MRes neo-fhoillsichte, University of Glasgow, 2019